

23 An t-luchar 2024

An Dr Gillian Rothach
Prionnsapal na Colaiste
Sabhal Mòr Ostaig

Dr Rothach chòir,

Thadhail sgioba de Luchd-sgrùdaidh an Rìgh bho Fhoghlam Alba air Sabhal Mòr Ostaig sa Ghiblean 2024 air Turas Com-pàirteachaidh Bliadhnail. Rè an turais againn, bhruidhinn sinn ri luchd-ionnsachaidh, luchd-obrach agus luchd-ùidhe, agus dh'obraich sinn gu dlùth leis na h-àrd-mhanaidsearan.

Fhuair an sgioba na neartan mòra a leanas ann an obair na colaiste:

Adhartas agus builean luchd-ionnsachaidh

Tha ìre crìochnachaidh shoirbheachail luchd-ionnsachaidh air prògraman FE pàirt-ùine os cionn na h-àbhaist san raon, agus tha an ìre de phàirt-shoirbheachas 8.96% nas ìsle. Tha ìre às-tharraing luchd-ionnsachaidh air prògraman FE pàirt-ùine 7% nas àirde na an àbhaist san raon seo.

Bidh oidean a' toirt stiùireadh feumail do luchd-ionnsachaidh air an raon de shlighean adhartais gu tuilleadh ionnsachaidh, a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh ann a bhith a' dealbhadh an cuid ionnsachaidh gu h-èifeachdach agus a' tighinn gu co-dhùnaidhean fiosraichte mu ionnsachadh agus cosnadh san àm ri teachd. Bidh a' mhòr-chuid de luchd-ionnsachaidh a choileanas am prògraman gu soirbheachail a' dol air adhart gu ìre ionnsachaidh nas àirde airson leantainn le foghlam sa Ghàidhlig agus gus an sgilean cànan a leasachadh. Bidh luchd-stiùiridh curraicealaim a' dol an sàs gu buannachdail le buidhnean coimhearsnachd ionadail gus tachartasan cultarail a cho-òrdanachadh agus a chumail, a' leigeil le luchd-ionnsachaidh an sgilean cànan agus an eòlas air cultar na Gàidhlig a chur an gnìomh agus a neartachadh ann an suidheachaidhean neo-fhoirmeil agus sòisealta. Bidh manaidsearan agus luchd-obrach a' toirt prìomhachas do bhith a' togail dhàimhean adhartach is buannachdail le bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean ionadail, a' leasachadh agus a' leudachadh an raon cothroman a gheibh sgoilearan, tidsearan agus luchd-ùidhe a dhol an sàs ann am foghlam agus cultar na Gàidhlig.

Dòighean airson dearbhadh agus àrdachadh càileachd an ionnsachaidh agus an teagaisg a' gabhail a-steach ùrachadh proifeiseanta.

Bidh stiùirichean cùrsa agus luchd-taice a' co-obrachadh gu h-èifeachdach gus fuasgladh fhaighinn air duilgheadasan agus gus gnìomhan aontachadh airson càileachd an eòlas ionnsachaidh a leasachadh. Bidh manaidsearan a' cruinneachadh dàta gus buaidh agus èifeachdas solar foghlaim a mheasadh, agus tha seo ga chleachdadh airson planadh obrachaidh. Bidh stiùirichean cùrsa a' brosnachadh cothroman ionnsachaidh proifeiseanta gu for-ghnìomhach do luchd-oideachaidh, a' toirt cothrom dhaibh deagh chleachdadh a cho-roinn agus ceangal ri co-obrachaidhean agus eòlaichean ann an cànan is

cultar na Gàidhlig. Bidh sgiobaidhean curraicealaim ag atharrachadh stuthan ionnsachaidh is teagaisg air-loidhne gu cunbhalach gus cur ri eòlas luchd-ionnsachaidh, a' freagradh stuthan ionnsachaidh ri diofar roghainnean ionnsachaidh agus a' brosnachadh com-pàirteachadh agus eadar-obrachadh. Tha luchd-oideachaidh phrògraman air-loidhne a' dèanamh cinnteach gu bheil clasaichean air an deagh eagrachadh agus a' cleachdadh teicneòlas didseatach gu comasach. Bidh luchd-oideachaidh a' toirt seachad stiùireadh mu ro-innleachdan agus goireasan ionnsachaidh agus a' cur air dòigh seiseanan cuideachail aon-ri-aon le luchd-ionnsachaidh fa-leth gus ceistean no draghan fhuasgladh. Bidh luchd-obrach curraicealaim a' cleachdadh fiosrachadh ann am planaichean ionnsachaidh agus taice pearsanta luchd-ionnsachaidh airson leasan a' fhreagradh ri feumalachdan fa leth.

Com-pàirteachadh Luchd-ionnsachaidh

Tha deagh riochdachadh aig Comann nan Oileanach air a h-uile comataidh ro-innleachdail, a' gabhail a-steach bòrd na colaiste. Tha oifigearan a' faireachdainn gu bheil a' cur luach air an cuid bheachdan agus gu bheil an luchd-obrach a' toirt aire dha-rìribh dha na th' aca ri ràdh. Mar fhreagairt air fios air ais bho luchd-ionnsachaidh, bidh stiùirichean curraicealaim a' tabhann seiseanan ath-ionnsachaidh mar thaic do luchd-ionnsachaidh gus na sgilean aca a dhaingneachadh agus ullachadh airson mheasaidhean, a' toirt misneachd agus sgilean dhaibh airson a dhol air adhart tro ìrean phrògraman. Bidh a' mhòr mhòr-chuid de luchd-oideachaidh a' brosnachadh agus a' com-pàirteachadh le luchd-ionnsachaidh gu h-èifeachdach gus am beachdan fhaighinn airson leasachadh a' churraicealaim, a' toirt feart do na molaidhean aca airson prògraman atharrachadh agus an t-eòlas foghlaim a leasachadh. Bidh luchd-ionnsachaidh a' faighinn deagh thaic tro sheiseanan còmhraidh a bharrachd gus an sgilean labhairt sa Ghàidhlig a leasachadh, le fios air ais bhuapa a' sealltainn gu bheil iad a' cur luach mòr air na seiseanan sin agus gam faicinn gu math tlachdmhor.

Chaidh na raointean a leanas a chomharrachadh airson leasachadh agus chaidh bruidhinn mun deidhinn le àrd-mhanaidsearan:

- Tha ìre às-tharraing luchd-ionnsachaidh air prògraman FE pàirt-ùine 7% nas àirde na an àbhaist san raon seo.
- Chan eil mòran chothroman aig luchd-obrach pàirt a ghabhail ann am fèin-luachadh cunbhalach, foirmeil agus co-roinn chleachdaidhean.
- Chan eil cothrom aig luchd-obrach air dàta bhon mheadhan gus taic agus fiosrachadh a thoirt do ghnìomhan luachaidh is dealbhaidh. Tha seo a' cuingealachadh comas mhanaidsearan agus luchd-obrach a bhith a' tarraing air dàta airson fiosrachadh a thoirt do cho-dhùnaidhean sgioba, roinne agus colaiste.
- Chan eil a h-uile neach-oideachaidh ACI comasach air a dhol an sàs ann am meòrachadh foirmeil air modhan ionnsachaidh is teagaisg agus a bhith a' co-roinn deagh chleachdadh, gan cuingealachadh gus buannachd fhaighinn bho ionnsachadh proifeiseanta agus an cleachdadh ùrachadh.

- Chan eil riochdairean luchd-ionnsachaidh ann airson prògraman ACI. Air sgàth sin, chan eil mòran chothroman aig an luchd-ionnsachaidh seo buaidh a thoirt air dealbhadh agus libhrigeadh a' churraicealaim.
- Chan eil dòighean-cruinneachadh air fios air ais bho luchd-ionnsachaidh cunbhalach no rianail gu leòr gus làn thaic a thoirt do ghnìomhan luachaidh agus planaidh.
- Tha cha mhòr a h-uile neach-ionnsachaidh ag ràdh gu bheil luchd-teagaisg a' cleachdadh cus ùrlaran ionnsachaidh eadar-dhealaichte a tha ga dhèanamh dùbhlach is toinnte pàirt a ghabhail ann an gnìomhan ionnsachaidh.
- Tha cuid de stuthan ionnsachaidh is teagaisg air an VLE seann-fhasanta agus feumar an ùrachadh.

Prìomh phuingeann gnìomha

Cha deach gin a chomharrachadh

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil a' cholaiste air adhartas iomchaidh a dhèanamh agus gu bheil comas aca cumail a' leasachadh. Leanaidh sinn oirnn a' cumail sùil air adhartas le conaltradh cunbhalach tron Neach-sgrùdaidh ceangail.

Jacqueline McLellan
Neach-sgrùdaidh an Rìgh

cc Neach-cathrach Bòrd na Colaiste, Manaidsear Aontachadh Bhuilean SFC